



HISTORIC  
ENVIRONMENT  
SCOTLAND

ÀRAINNEACHD  
EACHDRAIDHEIL  
ALBA

## TOGLAICHEAN CHLÀRICHE NA H-ALBA





**Còmhdach:** Am McManus, Dùn Dè, Ìre A © Andrew Lee

**Gu h-àrd:** Am Briggait, Glaschu, Ìre A © Anndra Lee



## Togalaichean Clàraichte na h-Alba

**Tha an leabhran seo a' mìneachadh na tha clàradh toglaichean a' ciallachadh do dhaoine le togalach-clàraichte, is ciamar a bhios sinn a' measadh thoglaichean gus an clàradh.**

Tha daoine air a bhith toirt buaidh air cruth àrainneachd eachdraidheil na h-Alba airson còrr is 10,000 bliadhna. Tha na ginealaichean a dh'fhalbh air an làrach fhèin fhàgail air bailtean is bailtean-mòra, agus a-muigh air an dùthaich mun cuairt oirnn. Tha an ceangal làidir eadar sinn fhìn is àiteachan agus mar a tha an àrainneachd eachdraidheil a' cur gu mòr ri ar cultar nam pàirt mòr de ar coimhearsnachdan agus tha na nithean sin a' cuideachadh le bhith togail deagh ìomhaigh de dh'Alba air feadh an t-saoghail.

Chaidh na ciad chumhachan laghail san Rìoghachd Aonaichte gus ar n-àrainneachd thogte a dhìon a thoirt a-steach ann an 1882. Ann an Alba, thòisich clàradh thogalaichean an da-rìribh às dèidh 1957, agus leis na 1970an bha tòrr thogalaichean air a bhith air an clàradh.

Le bhith clàradh togalach, thathar a' comharrachadh mar a tha luach sònraichte ann a thaobh ailtearachd no eachdraidh. Tha sinn den bheachd gu bheil togalaichean clàraichte am measg nan stòrasan as prìseile a th' aig Alba.

Tha togalaichean clàraichte a' toirt cunntas dhuinn air eachdraidh na h-Alba, agus a' nochdadh fheartan nàiseanta, sgìreil is ionadail a gheibhear gu sònraichte ann an Alba. Tha iad air aon de na h-adhbharan a tha Alba cho math mar àite airson a bhith a' fuireach is ag obair ann, agus airson tadhal air. Tha caractar eachdraidheil ar n-àrainneachd cudromach do mhath ar beatha agus tha e gar cuideachadh le bhith tuigsinn cò sinn.

Bho thogalaichean bho na meadhan-aoisean gu feadhainn a chaidh a thogail sna 1980an, tha togalaichean clàraichte a' buntainn ri iomadh taobh de ar beatha – bho thaighean croite gu teanamantan, drochaidean is muilnean, gu taighean-mòra air an dùthaich is togalaichean airson adhradh. Tha an dualchas ioma-sheòrsach is air leth seo mar thoradh air lèirsinn is comasan ar sinnsirean. Le bhith a' clàradh nan togalaichean seo, tha e gar cuideachadh le bhith toirt aithne do na choilean iad agus tha e cumail cuimhne air airson nan ginealach ri teachd.

Tha dleastanasan cudromach aig na daoine leis a bheil na h-àiteachan, air an liosta-chlàraidh, no a tha a' fuireach annta, ann a bhith gabhail cùram den dualchas againn. Faodaidh iad cuideachadh le bhith dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig na ginealaichean ri teachd air na togalaichean seo sa bheil luach a thaobh ailtearachd is eachdraidh.

## Dè th' ann an clàradh?

'S e a th' ann an clàradh, an dòigh sa bheilear ag aithneachadh fon lagh gu bheil 'luach sònraichte ann an togalach no structar a thaobh ailtearachd no eachdraidh', mar a chaidh mìneachadh ann an Achd Dealbhachaidh (Togalaichean Clàraichte is Sgìrean Glèidhteachais) (Alba) 1997. [www.legislation.gov.uk/ukpga/1997/9/contents](http://www.legislation.gov.uk/ukpga/1997/9/contents).

Thathar a' cumail rian air togalaichean clàraichte tron t-siostam dhealbhadhaidh, tro cheadan airson thogalaichean clàraichte, gus dèanamh cinnteach gun tèid beachdachadh gu faiceallach air atharraichean sam bith a nithear orra.

Faodaidh ciall an fhacail 'togalach' a bhith a' gabhail a-steach tòrr structaran dèante le daoine, mar fhuarain, uaireadairean-grèine, ìomhaighean-snaidhte agus drochaidean.

Tha luach ann an tòrr thogalaichean a thaobh ailtearachd no eachdraidh ach, nuair a thathar a' beachdachadh air togalach a chlàradh, feumaidh luach 'sònraichte' a bhith ann. Bidh sinn a' cleachdadh stiùireadh taghaidh gus co-dhùnadh a bheil, an togalach gu sònraichte cudromach a thaobh clàradh (faicibh taobh-duilleig 7).

### Togalaichean Clàraichte agus ìrean clàraidh

Tha mu 47,000 togalach clàraichte ann an Alba. Bithear a' cur thogalaichean ris an liosta agus gan toirt dhith gu cunbhalach. Nuair a tha sinn air co-dhùnadh gu bheil togalach gu sònraichte cudromach a thaobh ailtearachd no eachdraidh, bidh sinn ga sheòrsachadh fo aon de trì ìrean a rèir cho cudromach 's a tha e. Ged a tha cuideam laghail anns an liostadh fhèin, chan eil seasamh laghail aig na diofar ìrean agus tha iad seo mar chomhairle a-mhàin. Bidh iad a' toirt buaidh air mar a tha togalach air a riaghladh san t-siostam dealbhaidh. Tha na h-ìrean mar a leanas:

#### Ìre A

Tha iad nan sàr eisimpleirean de sheòrsa togalaich shònraichte, de stoidhle shònraichte no bho linn shònraichte

#### Ìre B

Tha iad nan eisimpleirean fìor mhath de sheòrsa togalaich shònraichte, de stoidhle shònraichte no bho linn shònraichte.

#### Ìre C

Tha iad nan eisimpleirean de sheòrsa togalaich shònraichte, de stoidhle shònraichte no bho linn shònraichte.

#### Co-ìrean

Dh'fhaodadh gun deach co-ìre A no B a bhuileachadh air cruinneachadh de thogalaichean ann an clàr airson togalach clàraichte. Bhiodh a' cho-ìre air a toirt seachad a bharrachd air an ìre fa leth agus chan eil seasamh laghail ann. Thathar a' cur às dhan ìre seo mean air mhean.

## A' measadh thogalaichean airson an clàradh

Nì sinn measadh air gach togalach a thaobh cho airidh 's a tha e air inbhe chlàraichte. Gabhar ealla ri grunn nithean nuair a thathar a' dèanamh co-dhùnadh feuch a bheil togalach sònraichte gu leòr a thaobh ailtearachd no eachdraidh airson a chlàradh.

Tha am poileasaidh clàraidh is stiùireadh taghaidh againn a' mìneachadh mar a bhios sinn a' measadh thoglaichean airson na liosta-clàraidh. Gheibhear barrachd fiosrachaidh aig [historiconvironment.scot/designation-policy](http://historiconvironment.scot/designation-policy).

Gu h-aithghearr, 's iad na prìomh shlatan-tomhais:

### Luach a thaobh ailtearachd

Bithear a' measadh an luach a thaobh ailtearachd fon dà cheann a leanas:

**Dealbhadh:** Tha seo co-cheangailte ri dealbhadh an togalaich agus bidh e a' toirt feart air cho faisg air a' chruth thùsail agus cho coileanta 's a tha e oir dh'fhaodadh gum bi atharrachaidhean a' cur ri no a' toirt air falbh bho cho inntinneach 's a tha an togalach. Bidh sinn a' measadh fhactaran leithid sgilean ealaineach, an dealbhaiche, taobh a-staigh an togalaich, cruth plana, stuthan, sàr-mhathas teicneòlais no ùr-ghnàthachadh agus traidiseanan sgìreil.

**Suidheachadh:** Tha seo co-cheangailte ri co-theacsa an togalaich agus bidh e a' toirt aire don t-suidheachadh làithreach is eachdraidheil. Bithear a' toirt aire cuideachd air mar a tha an togalach a' cur ris an t-suidheachadh aige agus mar a tha feartan eile, an dà chuid togte agus nàdarra, ceangailte ris.

### Luach eachdraidheil

Bithear a' measadh luach eachdraidheil fo na trì cinn gu h-ìosal:

**Aois agus cho tearc 's a tha iad:** Mar as sine a tha togalach, agus mar as lugha den t-seòrsa aige a tha air fhàgail, 's ann as coltaiche gum bi ùidh shònraichte ann. Mar as trice cha bhi sinn a' beachdachadh air togalaichean a tha nas lugha na 30 bliadhna a dh'aois a chlàradh leis nach eil sealladh eachdraidheil gu leòr ann airson làn mheasadh a dhèanamh air cho cudromach 's a tha iad.

**Luach a thaobh eachdraidh shòisealta:** Tha ùidh eachdraidheil shòisealta co-cheangailte ri mar a tha togalach a' cur ris an tuigse againn air mar a bha daoine beò san àm a dh'fhalbh, agus mar a tha an eachdraidh shòisealta agus eaconamach againn air a shealltainn anns an togalach agus a shuidheachadh.

**Ceangal ri daoine no tachartasan a tha cudromach gu nàiseanta:** Seo na ceanglaichean a th' aig togalach ri daoine no tachartasan a thug buaidh mhòr air dualchas cultarach na h-Alba.

Chan fheum togalach a bhith air a chleachdadh airson an adhbhair a chaidh a thogail bho thùs airson a bhith airidh air ìre chlàraichte. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh gun deach flataichean le bùithtean a dhèanamh à togalach gnìomhachais, agus dh'fhaodadh gu bheil a-nis a' cleachdadh drochaid-rèile mar slighe airson coiseachd no baidhsagalan. Dh'fhaodadh na dhà a bhith freagarrach airson ìre chlàraichte.

Bidh sinn a' beachdachadh air an ìre 's gu bheil togalach no structar a' mairsinn nuair a bhios sinn ga mheasadh airson clàradh. Ach, cha bhithear a' gabhail ealla ri staid làithreach an togalaich nuair a thathar a' co-dhùnadh a bheil luach sònraichte aige a thaobh ailtearachd no eachdraidh.

Cha toir sinn aire do chùisean leithid cùisean ionmhais no molaidhean airson cleachdadh san àm ri teachd.



**Gu h-ìosal:** Carragh-chuimhne Burns, Dùn Èideann, Ìre A © Nick Haynes

## Molaidhean clàraidh is ath-sgrùdaidhean

Faodaidh neach sam bith iarraidh oirnn àite no làrach a chlàradh no iarraidh oirnn ath-sgrùdadh a dhèanamh air clàradh a th' ann mar-thà.

Faodaidh sibh na rudan seo uile a dhèanamh le bhith a' lìonadh an fhoirm iarrais againn. Gheibhear am foirm air an làraich-lìn againn aig [historicenvironment.scot/designation-application](http://historicenvironment.scot/designation-application) no faodaidh sinn fear a chur thugaibh sa phost.

Aon uair 's gum faigh sinn am foirm agaibh, nì sinn rannsachadh air an iarrtas agaibh agus co-dhùnaidh sinn dè an dòigh as fheàrr gus dèiligeadh ris. Ann an cuid a shuidheachaidhean, dh'fhaodte nach tèid sinn air adhart le iarrtas. Ma cho-dhùineas sinn gun a dhol air adhart, leigidh sinn fios thugaibh cho luath 's a ghabhas. Gheibhear fiosrachadh nas mionaidiche air mar a bhios sinn a' measadh làraichean agus àiteachan, a' gabhail a-steach nan slatan-tomhais agus stiùiridhean measaidh anns a' phoileasaidh clàraidh againn aig [historicenvironment.scot/designation-policy](http://historicenvironment.scot/designation-policy).

Bidh na measaidhean againn mar as trice a' gabhail a-steach rannsachadh, agus a bhith a' taghadh dè an inbhe clàraidh dualchais as fhreagarraiche airson na làraich a mhol sibh (faic taobh-duilleig 17 airson fiosrachadh mu na h-inbhean dualchais againn uile). Tha teansa ann gun tadhail sinn air an làrach cuideachd.

Ma tha sinn den bheachd gu bheil an làrach no àite a rèir nan slatan-tomhais airson clàradh, foillsichidh sinn aithisg air a' phortal air-loidhne againn aig [portal.historicenvironment.scot](http://portal.historicenvironment.scot). 'S e aithisg làimhseachaidh a chanar ri seo agus mar as trice bidh measadh air an làraich no àite na lùib.

Mar as trice nì sinn conaltradh leis an fheadhainn air an toir seo buaidh dhìreach, a' gabhail a-steach sealbhadair, neach-còmhnaidh no neach-gabhail cho math ris an ùghdarras planaidh, mus ainmich sinn làrach no mus atharraich sinn sònrachadh. Mar as trice, bidh sinn a' cur fàilte air beachdan bho dhaoine no buidhnean aig a bheil ùidh sa chùis tron làraich-lìn againn.

Bidh sinn a' leantainn an aon phròiseas airson a bhith a' toirt air falbh chlàraidhean a th' ann mar-thà, ach a-mhàin far an deach an togalach clàraichte a leagail. Bidh sinn a' foillseachadh a' cho-dhùnaidh mu dheireadh againn agus an aithris làimhseachaidh mu dheireadh againn air a' phortal air-loidhne againn. Faicibh an làrach-lìn againn airson barrachd fiosrachaidh mu na h-inbhean seirbheis agus na clàraidhean-ama againn airson molaidhean clàraidh.



Ma tha thu nad shealbhadair no neach-còmhnaidh air an làraich no àite, an dàrna cuid air an làraich air fad no air pàirt dhith, nì sinn oidhirpean reusanta gus innse dhuibh an deach a clàradh no an deach an clàradh atharrachadh. Tha an aon phròiseas an gnìomh airson a bhith a' toirt air falbh chlàraidhean, ach a-mhàin far an deach an togalach clàraichte a leagail.

Innsidh sinn dhan ùghdarras planaidh mu na h-atharraichean seo cuideachd.



**Cli:** Pàillean Bobhlaidh is Teanais, Obar Pheallaidh, Peairt is Ceann Rois, Ìre B © Nick Haynes



## Molaidhean clàraidh eile

### Fiosan-gleidhidh airson thogalaichean

Faodaidh ùghdarrasan ionadail fiosan-gleidhidh airson thogalaichean fhoillseachadh gus dìon a dhèanamh air togalaichean nach eil clàraichte, anns a bheil iad a' smaoinichadh gu bheil luach shònraichte agus a tha gu bhith air an leagail no gu bhith air an atharrachadh ann an dòigh a bheireadh buaidh air an luach shònraichte aca. Thèid an togalach a dhìon san aon dòigh sa bheilear a' dìon togalach clàraichte. Seasaidh am fios airson suas ri sia mìosan, agus san ùine sin nì sinn measadh feuch am bu chòir don togalach a bhith clàraichte.

### Teisteanas le Dearbhadh nach eilear an Dùil Togalach a Chlàradh

'S e a th' ann an Teisteanas le Dearbhadh Nach Eilear an Dùil Togalach a Chlàradh (TDDTC) teisteanas a chuireas stad air togalach a bhith air a chlàradh airson còig bliadhna bhon cheann-latha air an teisteanas. Chan fhaod ùghdarras planaidh fios-gleidhidh airson togalach a thoirt seachad airson an togalach san ùine sin. Tha TDDTC a' toirt cinnt do shealbhadairean no luchd-leasachaidh a tha a' beachdachadh air obair a dhèanamh air togalach. Thèid iarrtasan airson teisteanas a mheasadh san aon dòigh a thèid iarrtas airson clàradh a mheasadh.

### Ath-thagraidhean

Mas ann leibhse a tha an togalach, no ma tha sibh a' fuireach ann no nur neach-gabhail ann agus nach eil sibh ag aontachadh leis na co-dhùnidhean againn, faodaidh sibh ath-thagradh a dhèanamh fon lagh an aghaidh:

- clàraidhean ùra; agus
- atharraichean air an t-seòladh reachdail aig togalach clàraichte.

Feumaidh sibh an t-ath-thagradh agaibh a chur chun na Roinne airson Ath-thagraidhean Dealbhachaidh is Àrainneachd taobh a-staigh trì mìosan bhon cheann-latha air an litir a chuireas sinn thugaibh mu chlàradh ùr no atharrachadh air seòladh reachdail togalach clàraichte, faicibh [dpea.scotland.gov.uk](https://dpea.scotland.gov.uk). Faic an làrach-lìn againn airson barrachd fiosrachaidh mu ath-thagraidhean [historicenvironment.scot/advice-and-support](https://historicenvironment.scot/advice-and-support).

Ged nach eil còir laghail ann airson ath-thagradh a dhèanamh an aghaidh mar a chaidh togalach a thoirt far na liosta, mar a chaidh ìre chlàraichte togalach atharrachadh no mar a chaidh togalach a dhiùltadh airson clàradh, bidh sinn toilichte sùil às ùr a thoirt air a' cho-dhùnadh againn ma gheibh sinn fiosrachadh buntainneach nach robh ann nuair a rinn sinn a' chiad cho-dhùnadh againn. Faodaidh sibh ath-sgrùdadh iarraidh le bhith a' lìonadh an fhoirm iarrais againn [historicenvironment.scot/designation-application](https://historicenvironment.scot/designation-application).

An clàr airson togalach clàraichte

Tha clàr ann airson gach togalach clàraichte. 'S e an aon phàirt den chlàr aig a bheil seasamh reachdail (laghail) an seòladh a th' ann an clàr an togalaich chlàraichte (sin, an seòladh reachdail).

Chan eil seasamh laghail aig a' chòrr den fhiosrachadh, agus tha e ann dìreach mar fhiosrachadh a bharrachd. Tha an clàr ann gus daoine a chuideachadh le bhith a' tuigsinn carson a tha an togalach clàraichte gu sònraichte cudromach. Faodaidh sibh na clàran a rannsachadh air-loidhne air an làrach-lìn againn

[portal.historicenvironment.scot](http://portal.historicenvironment.scot).

Tha an dòigh sam bithear a' sealltainn agus a' sgrìobhadh chlàran airson thogalaichean clàraichte air atharrachadh gu mòr thar nam bliadhnaichean. Leis na ciad chlàran, bha iad buailteach a bhith gu math goirid agus dh'fhaodadh nach robh iad fiù 's ag innse carson a bha luach sònraichte san togalach. An-dràsta le clàr ùr no clàr a chaidh ath-sgrùdadh o chionn ghoirid, bidh sinn a' toirt seachad tuairisgeul aithghearr de dh'ailtearachd an togalaich agus mineachadh nas mionaidiche air carson a tha an togalach air a chlàradh, agus gheibhear dealbhan-camara agus mapaichean den làrach. Tha faclair de dh'fhaclan ailtearachd air an làrach-lìn againn.

Tha an clàradh a' buntainn ris an togalach aig an t-seòladh reachdail a chithear ann an clàr an togalaich chlàraichte, agus tha e a' gabhail a-steach taobh a-staigh agus taobh a-muigh an togalaich, às bith dè an ìre chlàraidh. (Cuimhnichibh gum faod ainmean shràidean is àireamhan air sràid atharrachadh thairis air ùine agus dh'fhaodadh nach bi am fiosrachadh sa chlàr airson togalach clàraichte air ùrachadh.)

Seach gu bheil a h-uile togalach clàraichte eadar-dhealaichte, faodaidh na tha an clàr a' gabhail a-steach a bhith caochlaideach. Innsidh an t-ùghdarras planaidh agaibh dhuibh ma dh'fheumas sibh cead airson togalach clàraichte gus atharraichean a dhèanamh air togalach, no ma tha togalach nach eil ainmichte fon t-seòladh reachdail ann an clàr an togalaich chlàraichte air a ghabhail a-steach ann an 'dlùth-àrainn' an togalaich.

## Diùth-àrainn

Fon Achd Dhealbhadhaidh (Togalaichean Clàraichte is Sgìrean Glèidhteachais) (Alba) 1997, tha 'dlùth-àrainn' (criochan) aig gach togalach clàraichte. Tha sin a' ciallachadh gum faodadh gum bi nì no structar sam bith, a tha ann an dlùth-àrainn an togalaich, a bhith air am meas clàraichte. Mar eisimpleir, dh'fhaodadh gum bi taigh-mòr air an dùthaich air ainmeachadh san t-seòladh reachdail, agus dh'fhaodadh nach bi structaran mar bhallachan-criche, cachailleithean no stàballan air an ainmeachadh no nach bi tuairisgeul orra ann an clàr an togalaich chlàraichte, ach dh'fhaodadh iad fhathast a bhith mar phàirt den chlàradh.

Ged a tha e mar dhleastanas oirnn togalaichean clàraichte ainmeachadh, bidh

ùghdarrasan planaigh a' co-dhùnadh dè a tha an clàradh a' gabhail a-steach agus am bu chòir dèiligeadh ri structaran eile aig an t-seòladh mar gu bheil iad clàraichte cuideachd.

Am measg nan cùisean air am bi ùghdarrasan-planaigh a' beachdachadh, ann a bhith dèanamh co-dhùnadh feuch am bu chòir do structaran eile ann an dlùth-àrainn an togalaich a bhith clàraichte, tha na leanas.

- An deach na structaran a thogail ro 1948?
- An ann leis an aon duine/na h-aon daoine a bha iad leis an robh am prìomh thogalach clàraichte aig an àm a chaidh a chlàradh?
- A bheil ceangal soilleir ann eadar na structaran is am prìomh thogalach clàraichte a thaobh an adhbhair a chaidh an cleachdadh bho thùs?
- A bheil ceangal fhathast eadar na structaran agus am prìomh thogalach clàraichte?

**Gu h-ìosal:** Ionad Wolfson, Oilthigh Shrath Chluaidh, Glaschu, Ìre B © Àrainneachd Eachdraidheil Alba



Am faod pàirtean den làrach chlàraichte gun a bhith clàraichte?

Airson togalaichean clàraichte a chaidh ainmeachadh no atharrachadh às dèidh 1 Dàmhair 2015, dh'fhaodte gum bi às-dùnaidhean laghail ann. Dh'fhaodte gum bi cuid de na rudan a leanas air am fàgail a-mach à clàradh is mar sin, cha bhì iad clàraichte.

- Nì no structar sam bith ceangailte ri togalach
- Nì no structar sam bith a tha taobh a-staigh dlùth-àrainn an togalaich
- Pàirt no feart sam bith aig togalach clàraichte anns nach eil luach a thaobh ailtearachd no eachdraidh

Tha seo airson dèanamh cinnteach nach bi cead airson togalach clàraichte a dhìth air sealbhadairean is luchd-còmhnaidh ach a-mhàin nuair a tha sin freagarrach.

Ma tha clàr airson togalach clàraichte ag ràdh nach eil pàirt de thogalach no structar ann an dlùth-àrainn an togalaich mar phàirt den chlàradh, mar as trice cha bhì feum agaibh air cead airson togalach clàraichte gus am pàirt no structar sin atharrachadh.

Bu chòir dhuibh bruidhinn ris an ùghdarras planaidh agaibh airson dèanamh cinnteach gu bheil e ceart gu leòr mus dèan sibh obair sam bith. Ged nach bi feum agaibh air cead airson togalach clàraichte 's dòcha, dh'fhaodadh gum bi feum agaibh air cead eile mar cead-dealbhachaidh no barantas togail.

Faicibh an làrach-lìn againn airson tuilleadh fiosrachaidh mu nithean neo-chlàraichte [www.historicenvironment.scot/advice-and-support/listing-scheduling-and-designations](http://www.historicenvironment.scot/advice-and-support/listing-scheduling-and-designations).



## A' fuireach ann an is ag obair le togalaichean clàraichte

Ma tha sibh airson togalach clàraichte atharrachadh, a leudachadh no a leagail, feumaidh sibh fios a chur chun an ùghdarras planaidh agaibh feuch a bheil cead airson togalach clàraichte a dhìth oirbh.

Cuimhnichibh gu bheil an clàradh a' gabhail a-steach taobh a-staigh agus taobh a-muigh an togalaich. Gu h-àbhaisteach cha bhi feum agaibh air cead airson togalach clàraichte airson obair chàraidh air togalach clàraichte nuair a tha sibh ga chàradh ann an dòigh nach dèan atharrachadh air an togalach, ach tha sinn a' moladh gun cuir sibh fios chun an ùghdarras planaidh agaibh mus tòisich sibh air obair mar sin.

'S e an t-ùghdarras planaidh as motha a bhios a' dèiligeadh ri iarrtasan airson cead airson togalach clàraichte. Beachdaichidh iad air iarrtasan a rèir stiùiridhean mar na Notaichean-stiùiridh againn airson a bhith Cumail Rian air Atharraichean aig [historicensevironment.scot/managing-change-guidance-notes](http://historicensevironment.scot/managing-change-guidance-notes) agus air sgrìobhainnean poileasaidhean eile, cho math ris na poileasaidhean aca fhèin.

'S e an dleastanas as motha a th' oirnn comhairle is eòlas fiosrach a thoirt seachad. Bidh sinn a' toirt comhairle shònraichte do dh'ùghdarrasan-planaidh agus do dhaoine a tha airson atharrachadh no leasachadh a dhèanamh air togalaichean clàraichte. Gheibh sibh barrachd fiosrachaidh air sin sna Notaichean-stiùiridh airson a bhith Cumail Rian air Atharraichean. Tha na sgrìobhainnean sin a' toirt comhairle air diofar nithean a bhuineas ri togalaichean clàraichte, leithid uinneagan, taobh a-staigh thogalaichean, agus leudachaidhean.

### A' cur fios chun an ùghdarras planaidh

'S e a' chiad cheum a bu chòir dhuibh a ghabhail, ma tha sibh am beachd obair a dhèanamh air togalach clàraichte, fios a chur chun an ùghdarras planaidh agaibh. Innsidh iadsan dhuibh ma dh'fheumas sibh iarrtas a chur a-steach airson cead airson togalach clàraichte. Tha e an urra ris an ùghdarras planaidh co-dhùnadh a dhèanamh dè tha air a ghabhail a-steach sa chlàradh agus a bheil structaran eile aig an t-seòladh a dh'fhaodadh a bhith clàraichte Gu h-àbhaisteach, bidh cead a dhìth oirbh airson atharraichean a bheir buaidh air caractar an togalaich. Dh'fhaodte gum bi cead a dhìth oirbh airson atharrachaidhean a tha nur beachd gu math beag, mar eisimpleir a bhith a' glanadh nan clachan air pàirt den togalach no air an togalach air fad, no a' cur uinneagan ùra a-steach.

Tha e gu math buailteach gum bi cead a dhìth airson obair mhòr mar leudachaidhean, atharraichean air an structar no a bhith a' leagail an togalaich no pàirt dheth. Tha seo fìor às bith dè an ìre chlàraidh a th' ann (A, B no C) agus co-dhiù a tha an obair a' toirt buaidh air an taobh a-staigh no air an taobh a-muigh.

Bidh sibh a' cur a-steach airson cead a thaobh togalach clàraichte san aon dòigh

cha mhòr 's a chuireadh sibh a-steach airson cead-dealbhachaidh le foirm-iarrtais agus planaichean airson na h-obrach a tha fa-near dhuibh. Chan eil cosgais ann airson cead airson togalach clàraichte.

'S e eucoir a th' ann togalach clàraichte a leagail, atharrachadh no a leudachadh ann an dòigh a dh'atharraicheadh caractar an togalaich mar thogalach anns a bheil luach a thaobh ailtearachd no eachdraidh mura h-eil cead airson togalach clàraichte agaibh.

Mura h-eil sibh cinnteach dè tha air a ghabhail a-steach ann an clàradh, no a bheil feum agaibh air cead airson togalach clàraichte, cuiribh fios chun an ùghdarrais planaidh agaibh mus tòisich sibh air an obair.

## Dleastanasan nan sealbhadairean

Thèid staid an togalaich a chlàradh air an dearbh latha a thèid a chlàradh. Cha tèid iarraidh oirbh rudan a chur air ais mar a bha iad, mus deach an togalach a chlàradh.

Coltach ri stòras sam bith, 's ann an urra ris na daoine leis a bheil na togalaichean a tha e na togalaichean sin a chàradh is a ghleidheadh. Ge-tà, tha diofar chumhachdan aig ùghdarrasan-planaidh a dh'fhaodas iad a chleachdadh gus dìon a dhèanamh air togalaichean clàraichte san sgìre aca.

Faodaidh ùghdarrasan-planaidh obair èiginneach sam bith a dhèanamh a tha dhìth gus togalach clàraichte anns nach eil daoine a' fuireach no ag obair a ghleidheadh, no pàirtean sam bith de thogalach clàraichte nach eilear a' cleachdadh, fhad 's a dh'innseas iad do na daoine leis a bheil an togalach ro-làimh. Faodaidh ùghdarrasan-planaidh iarraidh air an t-sealbhadair cosgaisean na h-obrach èiginneach a phàigheadh air ais.

Cuideachd faodaidh ùghdarras planaidh cead fhaighinn bho Mhinistearan na h-Alba gus togalaichean clàraichte a tha ann droch staid a cheannach tro 'ceannach èigneachail'. An toiseach, feumaidh an t-ùghdarras fios-càraidh a thoirt seachad. Mura cùm an sealbhadair ri cumhachan an fhios sin, faodaidh an t-ùghdarras planaidh tòiseachadh air ceannach èigneachail a thoirt air adhart.

Ma tha ùghdarras planaidh den bheachd gun do leig cuideigin le togalach a dhol ann an droch staid a dh'aona-ghnothach gus adhbhar a thoirt dhaibh an togalach a leagail agus an làrach a leasachadh (no ath-leasachadh), faodaidh an t-ùghdarras iarraidh air Ministearan na h-Alba cead a thoirt dhaibh ceannach èigneachail a dhèanamh le bhith pàigheadh na suime dìolaidh as lugha.

### Ionadan adhruidh

Bithear a' dèiligeadh ri ionadan adhruidh ann an dòigh eadar-dhealaichte bho thogalaichean clàraichte eile. Chan fheum sibh cead airson togalach clàraichte gus atharraichean a dhèanamh taobh a-staigh ionad adhruidh a tha fhathast ga chleachdadh. Tha sgeama ceadachaidh saor-thoileach ga chur an sàs an-dràsta airson obair air taobh a-muigh ionadan adhruidh a tha fhathast gan cleachdadh. Faighnichibh don ùghdarras planaidh a bheil feum agaibh air cead airson togalach clàraichte. Bidh cead a dhìth oirbh gus togalach a leagail gu làr.

## Inbhean dualchais eile

Tha e cuideachd an urra rinne stòrasan dualchais eile a chomharrachadh.

Tha e an urra rinn carraighean clàraichte (tha dìon laghail ga dhèanamh air carraighean a tha cudromach gu nàiseanta fo Achd nan Carraighean Àrsaidh is Sgìrean Arc-eòlais 1979), gàrraidhean is fearann dealbhaichte, agus raointean bhlàr eachdraidheil a chomharrachadh. Bidh sinn cuideachd a' toirt comhairle do Riaghaltas na h-Alba a thaobh a bhith a' comharrachadh raointean mara tèarainte eachdraidheil. Gheibhear barrachd fiosrachaidh air seo air an làraich-lìn againn [historicenscot.advice](http://historicenscot.advice.scot).

Gheibhear cuid a thogalaichean clàraichte ann an sgìrean glèidhteachais agus ann an Làraichean Dualchais na Cruinne. Cha bhi sinn a' toirt inbhe-chomharraichte orra sin.

Tha còrr is 600 raon glèidhteachais ann an Alba a tha air an comharrachadh le ùghdarrasan-planaidh. Feumaidh ùghdarrasan-planaidh co-dhùnadh a dhèanamh feuch dè na pàirtean den sgìre aca a tha cudromach a thaobh ailtearachd no eachdraidh, agus faodaidh iad an comharrachadh an uair sin mar raointean glèidhteachais. Mar as trice, thèid beachdan a' phobaill a shireadh mu mholadh sam bith gus raon glèidhteachais a stèidheachadh no gus crìochan fear atharrachadh.

Faodaidh togalaichean clàraichte a bhith taobh a-staigh Làraichean Dualchais na Cruinne Thèid an clàradh le UNESCO (Buidheann nan Dùthchannan Aonaichte airson Foghlaim, Saidheans is Cultair) mar àiteachan sa bheil luach air leth don chruinne air fad a thaobh cultair no dualchas nàdair. [whc.unesco.org](http://whc.unesco.org).

Tha sia Làraichean Dualchais na Cruinne ann an Alba aig an àm seo. Gheibhear fiosrachadh mun deidhinn air an làraich-lìn againn [historicenscot.advice-and-support/listing-scheduling-and-designations/world-heritage-sites](http://historicenscot.advice-and-support/listing-scheduling-and-designations/world-heritage-sites).

A' lorg fiosrachadh air togalaichean clàraichte, agus inbhean-clàraichte eile agus ar co-dhùnaidhean

Faodaidh sibh coimhead tro na h-inbhean clàraichte uile againn air a' phortal air-loidhne againn aig [portal.historicenscot.advice.scot](http://portal.historicenscot.advice.scot). Cuideachd, gheibh sibh fiosrachadh ann mu na co-dhùnaidhean a nì sinn a thaobh inbhean-comharraichte. Mura bheil sibh cinnteach fhathast a bheil gus nach eil an togalach agaibh air an liosta-chlàraidh, faodaidh sibh post-d no fòn a chur thugainn. Gheibh sibh fiosrachadh conaltraidh air ar son aig deireadh an leabhraìn seo.

Cuideachd, gheibhear cothrom nithean a rannsachadh air mapa air an làraich-lìn aig Scotland's Environment, agus gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun àrainneachd an sin, mu rudan mar chrìochan nan sgìrean glèidhteachais [environment.gov.scot](http://environment.gov.scot). Is urrainn dhuibh faighneachd den ùghdarras planaidh agaibh cuideachd a bheil an togalach agaibh clàraichte agus dè tha an clàradh a' gabhail a-steach.





**Cli:** Caisteal Mhucrach, Roinn na Gàidhealtachd, Ìre A © Àrainneachd Eachdraidheil Alba

## Fiosrachadh a bharrachd

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu dheidhinn toglaichean clàraichte air an làrach-lìn againn.

### Àrachas

'S ann an urra ribh fhèin a tha e co-dhùnadh a dhèanamh a thaobh dè an t-àrachas a tha dhìth gus dèiligeadh ri cunnartan agus gus dìon a dhèanamh air luach an togalaich agaibh. Air sàilleibh gu bheil toglaichean clàraichte gu tric na sine agus gu bheil feartan sònraichte aca, dh'fhaodadh gum bi obair chàraidh agus cosgaisean àrachais nas daoire na bhiodh iad le togalach den aon seòrsa a tha nas ùire. Ge-tà, bidh iad faisg air na prìsean airson togalach traidiseanta a tha coltach ris ach nach eil clàraichte.

Seach gur dòcha gum bi feum agaibh air cead airson togalach clàraichte iarraidh airson obair chàraidh, far am bi sgilean spèisealta a dhìth 's dòcha, bidh tòrr luchd-àrachais a' cur nan cosgaisean àrachais an àirde gus ealla a ghabhail ri sin. Bidh luachadh ùr air an togalach na chuideachadh do luchd-àrachais nuair a nì iad measadh air cunnartan. Faicibh an làrach-lìn againn airson barrachd fiosrachaidh.

### Atharraichean air togalach clàraichte

Ma tha sibh ag iarraidh atharraichean a dhèanamh air togalach clàraichte, cuiribh fios chun an ùghdarras planaidh agaibh gus cead airson togalach clàraichte fhaighinn. Gheibhear comhairle, sna Notaichean-stiùiridh air-loidhne againn airson a bhith Cumail Rian air Atharraichean, air diofar chùisean a bhuineas ri toglaichean clàraichte leithid uinneagan, taobh a-staigh an togalaich agus leudachaidhean.

### Comhairle air glèidhteachas

Tha tòrr fiosrachaidh air an làrach-lìn againn mu Ghlèidhteachas Teicnigeach mu thoglaichean traidiseanta, a' gabhail a-steach na stiùiridhean INFORM againn. Leis an t-Seirbheis airson Ceistean Teicnigeach, tha sinn cuideachd a' toirt stiùireadh air cùisean glèidhteachais don ghnìomhachas togail, do luchd-togail, luchd-foghlaim agus do dhaoine leis a bheil toglaichean no a tha fuireach annta. Bheir sinn comhairle seachad air far am faighear fiosrachadh mu bhith coimhead às dèidh thoglaichean eachdraidheil, agus bidh sinn a' foillseachadh sgrìobhaidhean don phoball agus do luchd-proifeiseanta. Faodaidh sibh fònadh gu Sgioba nan Ceistean Teicnigeach air 0131 668 8600 no faodaidh sibh post-d a chur thuca aig [technicaleducation@hes.scot](mailto:technicaleducation@hes.scot). Cuideachd, faicibh an earrann air làrach-lìn an

Engine Shed mu Ghlèidhteachas Teicnigeach [engineshed.scot/building-advice](http://engineshed.scot/building-advice).  
Tabhartasan

Tha grunn diofar thabhartasan agus sgeamaichean maoinachaidh aig Àrainneachd Eachdraidheil Alba. Faodaidh daoine fa leth agus buidhnean iarrtas a dhèanamh airson taic ionmhasail le pròiseactan agus obair a bheir deagh bhuidhe air an àrainneachd eachdraidheil. Airson barrachd fiosrachaidh mu na tabhartasan againn, faicibh an làraich-lìn againn aig [historicensevironment.scot/grants-and-funding](http://historicensevironment.scot/grants-and-funding).

Tha an Heritage Funding Directory aig [heritagefundingdirectoryuk.org](http://heritagefundingdirectoryuk.org) a' toirt stiùireadh do shealbhadairean mu mhaoineachadh airson càradh, ath-nuadhachadh no atharrachadh a dhèanamh air togalach eachdraidheil sam bith san Rìoghachd Aonaichte.

Dh'fhaodte gum bi an t-ùghdarras planaidh agaibh a' toirt seachad tabhartasan co-cheangailte ri togalaichean eachdraidheil cuideachd.

### Taic Planaidh Alba

Bidh Taic Planaidh Alba [pas.org.uk](http://pas.org.uk) a' toirt comhairle seachad air planadh agus am pròiseas planaidh. [pas.org.uk](http://pas.org.uk)

### Laghan is poileasaidhean buntainneach

- An Achd Dealbhachaidh (Togalaichean Clàraichte is Sgìrean Glèidhteachais) (Alba) 1997 [legislation.gov.uk/ukpga/1997/9/contents](http://legislation.gov.uk/ukpga/1997/9/contents).
- Aithris Poileasaidh air an Àrainneachd Eachdraidheil airson Alba [historicensevironment.scot/heps](http://historicensevironment.scot/heps).
- A' Cumail Rian air Atharraichean san Àrainneachd Eachdraidheil. Faicibh na nòtaichean-stiùiridh againn aig [historicensevironment.scot/managing-change-guidance-notes](http://historicensevironment.scot/managing-change-guidance-notes).

### Na foillseachaidhean againn

Tha sreath de dh'fhoillseachaidhean againn aig [historicensevironment.scot/publications](http://historicensevironment.scot/publications).

### Molaidhean agus gearanan

Tha sinn a' cur fàilte air beachdan air ais mu chlàraidhean. Feuch gun leig sibh fhaicinn dhuinn dè ur beachd oirre le bhith cur post-d gu [designations@hes.scot](mailto:designations@hes.scot).

Tha sinn air a chur romhainn seirbheis sàr mhath a thoirt seachad. Tha

sinn a' cur luach anns gach beachd is gearan a gheibh sinn agus cleachdaidh sinn am fiosrachadh a gheibhear tromhpa gus na seirbheisean againn a leasachadh.

Ma thèid rudeigin ceàrr no mura h-eil sibh toilichte le ar seirbheisean, feuch gun inns sibh dhuinn.

### Oifigear Ghearanan

Àrainneachd Eachdraidheil Alba

Taigh Longmore

Plàs Salisbury

Dùn Èideann EH9 1SH

Fòn: 0131 668 8600

Post-d: [complaints@hes.scot](mailto:complaints@hes.scot)

Gheibhear barrachd fiosrachaidh mu dòigh-obrach nan gearanan air an làraich-lìn againn aig [historicenvironment.scot/complaints](http://historicenvironment.scot/complaints).



© Àrainneachd Eachdraidheil Alba 2019

Faodaidh sibh am fiosrachadh seo (gun suaicheantasan is dealbhan) ath-chleachdadh saor is an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo theirmichean Cead Fosgailte an Riaghaltais v3.0 ach a-mhàin ma thèid an caochladh a ràdh.

Gus an cead seo fhaicinn, faicibh <http://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3/> no sgrìobhaibh gu Sgioba Poileasaidh an Fhiosrachaidh, Na Clàraidhean Nàiseanta, Kew, Lunnainn TW9 4DU, no cuiribh post-d gu: [psi@nationalarchives.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gov.uk)

Far a bheil sinn air comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig treas pàrtaidh air fiosrachadh, feumaidh tu cead fhaighinn bho na daoine aig a bheil an còir-lethbhreac sin.

Tha Àrainneachd Eachdraidheil Alba na Buidheann Phoblach Neo-roinneil (NDPB) agus na Buidheann-charthannais Albannach chlàraichte (SC045925). 'S e fear de na dleastanasan againn liosta a chumail de thoglaichean anns a bheil luach sònraichte a thaobh ailtearachd no eachdraidh.

Tha an leabhran seo a' mìneachadh na tha clàradh thoglaichean a' ciallachadh do dhaoine le togalach-clàraichte, is ciamar a bhios sinn a' measadh thoglaichean gus an clàradh. Tha e ri fhaighinn sa Bheurla cuideachd leis an tìotal Scotland's Listed Buildings.

Bu chòir ceist sam bith mun sgrìobhainn seo a chur thugainn aig:

Àrainneachd Eachdraidheil Alba  
Taigh Longmore  
Plàs Salisbury  
Dùn Èideann EH9 1SH

**Fòn:** +44 (0) 131 668 8600

**Làrach-lìn:** [www.historicenvironment.scot](http://www.historicenvironment.scot)

'S urrainn dhuibh am foillseachadh seo a luchdadh a-nuas bhon làraich-lìn againn aig

[www.historicenvironment.scot](http://www.historicenvironment.scot)

**Àrainneachd Eachdraidheil Alba**

Clàraidhean Taigh Longmore  
Plàs Salisbury  
Dùn Èideann  
EH9 1SH

**Fòn:** 0131 668 8914

**Email:** [designations@hes.scot](mailto:designations@hes.scot)

**Làrach-lìn:** [www.historicenvironment.scot](http://www.historicenvironment.scot)

Ceann-latha foillseachaidh: 2019